

Freagairt Àrd-Neach-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh do thoraidhean na co-chomhairle poblaich

Geàrr-chunntas

Dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh co-chomhairle phoblach air 3 Sultain 2025 air a bheil [*Tha sgrùdaidhean sgoile aq ùrachadh: Nach dealbh sibh an ath cheum*](#) mar phàirt den lèirmheas air sgrùdaidhean sgoile air feadh an t-siostaim. B' e adhbhar na co-chomhairle seo beachdan a chruinneachadh airson a bhith a' fiosrachadh na dòighe sam bi Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' neartachadh sgrùdadh mar inneal airson leasachadh, misneachd phoblach, agus luach as fheàrr. Bha a' cho-chomhairle seo stèidhichte air conaltradh a rinneadh roimhe mu chuspairean farsaing co-cheangailte ri sgrùdadh agus b' e seo a' chiad cho-chomhairle de a seòrsa a rinn an luchd-sgrùdaidh.

Fo Artaigil 12¹ de [Chùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean na Cloinne \(UNCRC\)](#), tha còir aig clann is daoine òga na beachdan aca a thoirt seachad mu rudan a bheir buaidh orra, agus gun toir inbhich feart air na beachdan sin. Mar phàirt den cho-chomhairle phoblach, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh tionndadh a bha ag amas gu sònraichte air beachdan chloinne is dhaoine òga fhaighinn, [*Tha sgrùdaidhean sgoile aq ùrachadh: tha guthan chloinne is dhaoine òga cudromach*](#)

Chaidh a' cho-chomhairle a chumail eadar 3 Sultain gu 26 Samhain 2025. Fhuair Luchd-sgrùdaidh an Rìgh 1,142 freagairtean air-loidhne, le 22 a bharrachd tro phost-d. Fhuair iad cuideachd 485 freagairtean bho chloinn is daoine òga. Choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ri 46 duine-cloinne is daoine òga aig a bheil feumalachdan a bharrachd agus chuir iad na beachdan aca ris na freagairtean co-chomhairle. Chaidh cunnradair neo-eisimeileach fhasadh gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air na toraidhean. Chaidh na co-dhùnaidhean fhoillseachadh san aithisg [anailis](#)

Bu toil leam taing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt anns a' cho-chomhairle agus airson nam freagairtean smaoineachail agus fiosraichte aca. Bu toil leam cuideachd taing a thoirt dhan luchd-obrach a chruthaich am pròiseas co-chomhairle, gu h-àraidh airson an fhòcais a chuir iad air a bhith a' dèanamh cinnteach gun deach guthan chloinne is dhaoine òga a chluinntinn. Rinn an dòigh-obrach aca cinnteach gun robh cothrom aig an luchd-freagairt na barailean, agus na beachdan aca a thaobh leasachadh a thoirt seachad. Tron dòigh-obrach seo, fhuaradh deagh bharailean air an dèanar beachdachadh a bharrachd.

Reachdas

Chaidh [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#) a chur an gnìomh air 1 Màrt 2026. Tha an reachdas seo a' stèidheachadh dreuchd mar Àrd-Neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba (His Majesty's Chief Inspector of Education in Scotland - HMCI) agus a' toirt air falbh

¹ **Alt 12**

1. 'Barantaichidh na Pàrtaidhean do leanabh a tha comasach air a c(h)uid bheachdan fhèin a chruthachadh a' chòir na beachdan sin a nochdadh gun bhacadh anns gach cùis a bhios a' bualadh air an leanabh, agus beachd ceart air a ghabhail air beachdan an leanabh a rèir aois is inbheachd an leanabh.'

2. Airson an adhbhair seo, thèid an cothrom a thoirt gu sònraichte don leanabh gun cluinnear a g(h)uth ann an imeachdan laghail no rianachail sam bith a bhios a' bualadh air an leanabh, an dara cuid gu dìreach, no tro riochdaire no tro bhuidheann iomchaidh, ann an dòigh a tha air an aon rèir ris na riaghailteach mu mhodhan anns an lagh nàiseanta.

gnìomhan sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba. Thòisich mi san dreuchd mar Àrd-Neach-sgrùdaidh an Rìgh aig deireadh a' Mhàirt 2026, agus thòisich buidheann ùr an Luchd-sgrùdaidh neo-eisimilich: Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (His Majesty's Inspectorate of Education - HMIE), air 1 Giblean 2026.

Tha [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#) a' mìneachadh adhbharan sgrùdaidh mar a leanas:

- cleachdadh èifeachdach aig ionadan foghlaim buntainneach aithneachadh
- leasachadh ann an càileachd an fhoghlaim a bhrosnachadh le bhith a' comharrachadh raointean airson leasachadh
- a bhith a' comharrachadh far a bheil feum air taic gus leasachaidhean a dhèanamh
- cleachdadh èifeachdach a cho-roinn
- fianais a cho-roinn gus cruthachadh poileasaidh foghlaim fhiosrachadh
- dearbhadh a thoirt dhan phoball gu bheil càileachd an fhoghlaim ga measadh agus gu bheil ionadan gan cumail cunntachail a rèir seo

A bharrachd air a bhith a' cruthachadh HMIE, a rèir [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#), feumaidh mi Comhairle Comhairleachaidh a stèidheachadh. Tha a' Chomhairle Comhairleachaidh ga cruthachadh gus beachdan an fheadhainn air an toir sgrùdaidhean buaidh a riochdachadh, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim, pàrantan, luchd-cùraim agus luchd-obrach. Bidh 15-24 buill aice: luchd-ùidh agus riochdairean a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais mar a tha air an suidheachadh ann an [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#). 'S e obair na buidhne comhairle a thoirt dhomh a thaobh a bhith a' coileanadh nan gnìomhan a tha air am mìneachadh san Achd.

Is e a' chiad cheum ann a bhith a' stèidheachadh na Comhairle Comhairleachaidh a bhith a' fastadh Cathraiche na Comhairle Comhairleachaidh. Tha obair fastaidh airson na dreuchd seo a' dol air adhart an-dràsta. Bidh a' Chomhairle Comhairleachaidh a' coinneachadh gach ràithe, agus thathar an dùil gun tèid a' chiad choinneamh a chumail as t-foghar 2026. Tha riatanasan sònraichte anns an reachdas a thaobh mar a bu chòir dhomh obrachadh còmhla ris a' Chomhairle Comhairleachaidh agus a bhith a' toirt freagairtean dhi.

Nì mi cinnteach gun toir a' Chomhairle Comhairleachaidh feart air toraidhean na co-chomhairle seo. Tha seo a' ciallachadh gun deach grunn chuspairean a thogail sa cho-chomhairle phoblaich mu bheil mi airson beachdachadh leis a' Chomhairle agus le luchd-ùidh nas fharsainghe mus dèan mi co-dhùnidhean deireannach.

Chithear na freagairtean tòiseachail agam dhan cho-chomhairle gu h-ìosal. Mar Àrd-Neach-sgrùdaidh an Fhoghlaim, tha mi air mo lèirsinn a chur air adhart airson HMIE san àm ri teachd, agus mo lèirsinn airson nan rudan a bhios mar bhunait airson còmhraidhean tùsail leis a' Chomhairle Comhairleachaidh.

1. Daoine an sàs ann an sgrùdadh

Bha grunn cheistean anns a' cho-chomhairle mu cò eile, a bharrachd air Luchd-sgrùdaidh an Rìgh, a bu chòir a bhith an sàs ann an sgrùdaidhean. Chaidh faighneachd sa cho-chomhairle mu dhreuchd measadair luchd-sgrùdaidh (àrd-stiùirichean bho ionadan foghlaim), buill neo-dhreuchdail (daoine nach eil ag obair ann am foghlam) agus àrd-stiùirichean bhon sgoil a

bha fo sgrùdadh. Bha ceistean ann cuideachd mu mar a bhiodh pàrantan, clann agus daoine òga an sàs ann an sgrùdaidhean.

Freagairt HMCI

Tha na freagairtean a' sealltainn gu bheil a' cur luach mòr ann an dreuchd nam measadairean luchd-sgrùdaidh, agus bu toil leam obair a dhèanamh gus an dreuchd seo a neartachadh barrachd. Tha mi ag iarraidh dòighean-obrach a thaobh obair com-pàirteachais a neartachadh air feadh an t-siostaim foghlaim gu lèir gus dèanamh cinnteach gu bheil teachdaireachd shoilleir ann mu na cleachdaidhean as fheàrr agus air na raointean far a bheil leasachadh a dhìth. Tha mi a' faicinn dreuchd nam measadairean luchd-sgrùdaidh mar phàirt bhunaiteach den phròiseas seo. **Cuiridh HMIE ro-innleachd ùr an gnìomh gus dreuchd measadairean luchd-sgrùdaidh a neartachadh barrachd san dà bhliadhna a tha romhainn.** Bidh fòcas na ro-innleachd seo air a bhith a' fastadh measadairean luchd-sgrùdaidh, air ionnsachadh proifeasanta dhaibh agus air mar a thèid an cleachdadh. Nì na dòighean-obrach cinnteach gum bi an cuid sgilean air an leasachadh gu leantainneach, air an neartachadh tro obair sgrùdaidh. Obraichidh HMIE còmhla ri measadairean luchd-sgrùdaidh gus taic a chumail ri leasachadh leantainneach anns an t-siostam, le bhith a' neartachadh an ròil aca ann a bhith a' togail comas-libhrigidh agus a' cumail taic ri leasachadh taobh a-staigh nan ionadan foghlaim, roinnean agus nan sgìrean ionadail anns a bheil iad ag obair.

Bha measgachadh de bheachdan ann an toraidhean na suirbhidh a thaobh àite nam ball neo-dhreuchdail. Tha mi an dùil beachdachadh air seo ann am barrachd doimhneachd gus am bi soilleireachd ann mun dreuchd agus mu a luach fhad 's a bhios HMIE a' cruthachadh mhodailean sgrùdaidh ùra.

Uile gu lèir, bha co-aontachd shoilleir ann gun neartaicheadh e sgrùdaidhean nam faigheadh àrd-stiùirichean cothrom a bhith an sàs ann an eileamaidean de na sgrùdaidhean air an sgoil aca. Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' planadh gnìomhachd sgrùdaidh ann an com-pàirteachas le àrd-stiùirichean, ach tha mi den bheachd gun gabh an com-pàirteachas seo a leasachadh agus a neartachadh barrachd. **Bruidhnidh HMIE ri luchd-ùidh agus ris a' Chomhairle Comhairleachaidh mu dhòighean anns an gabh dreuchd àrd-stiùirichean agus luchd-obrach eile ann an sgrùdadh a neartachadh gus comas-libhrigidh a thogail airson leasachadh leantainneach.** Iarraidh mi air sgiobaidhean deuchainn a dhèanamh air beagan roghainnean a bharrachd air a bhith a' cruthachadh frèam-obrach sgrùdaidh ùr. Ach, feumar cothromachadh a dhèanamh eadar dòighean-obrach ùra sam bith agus dleasan HMIE gus measadh neo-eisimeileach a dhèanamh air càileachd foghlaim.

Fhad 's a bhios HMIE a' beachdachadh air agus a' cruthachadh mhodailean sgrùdaidh ùra, agus le fòcas air leasachadh air feadh an t-siostaim, **cuiridh mi cuireadh gu oifigearan aig ùghdarrasan ionadail airson a dhol an sàs ann an sgrùdadh sgoiltean agus a bhith a' coimhead air eileamaidean eile de seo.** Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach gabhail pàirt ann an coimhead air leasan, deasbadaidh ann am buidhnean fòcais, no còmhraidhean leis an sgioba sgrùdaidh.

Tha barrachd ri dhèanamh fhathast gus clann is daoine òga a thoirt a-steach dhan phròiseas sgrùdaidh air fad. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fiosrachadh dhaibh mu obair HMIE, a bhith a' coimhead air cothroman airson barrachd com-pàirteachaidh tron sgrùdaidh

agus a bhith nas soilleire mu thoraidhean nan sgrùdaidhean agus mu na ceumannan a leanas. Mar a' chiad cheum sa phròiseas seo, **cruthaichidh HMIE earrann den làraich-lìn a bhios ag amas air am fiosrachadh as ùire a chumail ri clann is daoine òga.** Tha mi an dùil cuideachd **buidheann no fòram a stèidheachadh gus an urrainn do dhaoine òga buaidh a thoirt air cruth obair HMIE.** Tha clann is daoine òga air a bhith soilleir gum feum HMIE a h-uile oidhirp a dhèanamh gus èisteachd riutha sna sgoiltean aca fhèin, mu na dh'fhiosraich iad fhèin, agus gum bu chòir guth a thoirt do gach neach. Tha e na rùn dhomh sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air mar a **neartaicheas HMIE cothroman do chloinn is do dhaoine òga gus na beachdan aca a bhith air an cluinntinn tron phròiseas sgrùdaidh, agus tuigse shoilleir a bhith aca air toraidhean an sgrùdaidh.** Gabhaidh seo a dhèanamh ann an grunn diofar dhòighean, agus bidh seo na phàirt de phlanaichean san àm ri teachd. Bha moladh ann gum bu chòir do HMIE beachdachadh air pàirt a thoirt do chloinn is do dhaoine òga ann am planadh agus a' libhrigeadh sgrùdaidhean. Cha do thog clann is daoine òga seo gu dìreach le HMIE agus, mar thoradh air sin, cha bhi mi a' dol air adhart le seo aig an àm seo.

Tha freagairtean na co-chomhairle a' dearbhadh gum bu chòir do HMIE leantainn air adhart le com-pàirteachadh le pàrantan mar phàirt den sgrùdadh. Cumaidh HMIE air a' sireadh bheachdan phàrantan tro cheisteachain ro-sgrùdaidh agus tro bhuidhnean fòcais. Tha mi ag aithneachadh gu bheil cnapan-starra mu choinneamh com-pàirteachadh le pàrantan uaireigin, mar thoradh air dleastanasan obrach no dùbhlain eile. **Nì HMIE sgrùdadh air dòighean a bharrachd gus coinneachadh ri barrachd phàrantan agus gus dèanamh cinnteach gu bheil riochdachadh nas eadar-mheasgte de phàrantan** ann am buidhnean fòcais. Tha HMIE air rùnachadh feuchainn ri dòighean-obrach ùra a chleachdadh, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach cothroman do phàrantan coinneachadh ann am buidhnean fòcais air-loidhne aig diofar amannan.

2. Dè cho tric 's a thèid sgoiltean a sgrùdadh agus ciamar a thèid an taghadh airson sgrùdadh

Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle ciamar a bu chòir sgoiltean a thaghadh airson sgrùdadh agus dè cho tric 's a bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air sgoiltean.

Freagairt HMCI

Mar a bhiodh dùil, bha diofar bheachdan ann mu thaghadh agus tricead sgrùdaidhean. Seo fear de na raointean prìomhachais air am beachdaich mi leis a' Chomhairle Comhairleachaidh. San àm ri teachd, feumaidh mi cothromachadh faiceallach a dhèanamh eadar na tha practaigeach agus na ghabhas coileanadh leis na goireasan a tha rim faighinn. Tha e ro-chudromach gum bi fianais sgrùdaidh làidir ann a tha a' cumail taic ri leasachadh air feadh foghlam na h-Alba. **'S e mo bheachd-sa gu bheil a' bheàrn làithreach eadar sgrùdaidhean air sgoiltean ro fhada.** Ach, bidh buaidh aig co-dhùnidhean mu thricead sgrùdaidhean air faid nan tadhlann sgrùdaidh fa leth. Mar sin, bruidhnidh mi ris a' Chomhairle Comhairleachaidh mu dheidhinn seo gus beachdachadh air dè cho fada 's a bu chòir sgrùdaidhean a bhith agus dè cho tric 's a bu chòir sgrùdaidhean a bhith ann.

Tha [Achd an Fhoghlaim Alba 2025](#) a' dèanamh soilleir gur iad Ministearan na h-Alba a bhios a' sònrachadh na h-ìre triceid as ìsle airson sgrùdaidhean. Ach, mus dèan iad na co-dhùnidhean seo, feumaidh iad comhairle a shireadh bhuam, bhon Chomhairle Comhairleachaidh agus bho dhuine sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh. 'S e mo

dhleastanas mar HMCI dèanamh cinnteach gun tèid an sgrùdadh a dhèanamh taobh a-staigh an triceid a chaidh a shònrachadh. Bruidhnidh mi air seo barrachd le Ministearan na h-Alba agus leis a' Chomhairle Comhairleachaidh mus tèid co-dhùnaidh sam bith a dhèanamh.

Tha mi a' creidsinn gur e an dòigh-obrach cheart a th' anns a' mhodail samplachaidh làithreach airson a bhith a' taghadh sgoiltean airson sgrùdadh leis gu bheil e sùbailte ach, a-rithist, is e seo rudeigin a thèid a dheasbad còmhla ris a' Chomhairle Comhairleachaidh.

3. Ìrean

Chaidh faighneachd sa cho-chomhairle mu bhith a' cleachdadh ìrean sa phròiseas sgrùdaidh, agus 's e seo cuspair far nach robh co-aontachd ann. Anns na còmhraidhean a bh' agam gu ruige seo le diofar luchd-ùidh, seo cuspair far a bheil beachdan làidir agus far a bheil sgaradh bheachd gu tric ann.

Freagairt HMCI

Tha beachd soilleir agam gum feum dòigh air choireigin a bhith aig HMIE air teachdaireachdan soilleir, cunbhalach agus goirid a thoirt seachad air toradh nan sgrùdaidhean: a' comharrachadh coileanadh iomlan agus a' comharrachadh far a bheil feum air leasachadh air càileachd an fhoghlaim. Feumaidh mi teachdaireachdan nàiseanta farsaing a thoirt seachad mu chàileachd an fhoghlaim, a bharrachd air aithris air ais do sgoiltean fa leth agus do na coimhearsnachdan aca. Far nach eil sgèile ìrean ann idir, dh'fhaodadh e a bhith nas duilghe do luchd-ùidh càileachd iomlan a thuigsinn. Ach, tha mi cuideachd ag aithneachadh gu bheil cleachdadh an sgèile làithrich, a tha air a chur an cèill gu sìmplidh mar aon fhacal, uaireannan a' tarraing aire bho leasachadh. Thàinig teachdaireachd shoilleir tron cho-chomhairle gum feumar barrachd fòcas a chur air cànan leasachaidh, agus tha cothrom an seo gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a bhios HMIE a' dèanamh seo. **Nì mi sgrùdadh a bharrachd agus bruidhinnidh mi air diofar roghainnean leis a' Chomhairle Comhairleachaidh agus le luchd-ùidh eile mus dèan mi co-dhùnadh deireannach air mar a thèid measaidhean no ìrean a thoirt air adhart ann am modailean sgrùdaidh ùra.**

4. Amannan Rabhaidh

Chaidh faighneachd sa cho-chomhairle mu na h-amannan rabhaidh a thathar a' toirt do sgoiltean agus, a-rithist, bha diofar bheachdan air a' chùis seo.

Freagairt HMCI

Tha am modail sgrùdaidh làithreach stèidhichte air dòigh-obrach com-pàirteachais leis an t-siostam, agus chan eil mi airson 's gun tèid seo a chall. Nan robh sgrùdaidhean gun rabhadh ann, bheireadh seo buaidh air comas Luchd-sgrùdaidh an Rìgh obrachadh ann an com-pàirteachas le sgoiltean gus sgrùdaidhean a phlanadh. Bheireadh an dòigh-obrach seo buaidh cuideachd air a' chomas beachdan a chruinneachadh, a chur ri chèile agus a sgrùdadh, mar eisimpleir tro cheisteachain ro-sgrùdaidh, mar phàirt de sgrùdaidhean. Tha mi a' smaoinreachadh gu bheil cothrom ann a bhith ag obair air feadh an t-siostaim gus fois-inntinn a thoirt do cheannardan-sgoile gu bheil iad air tòrr den obair gus ullachadh airson sgrùdadh a dhèanamh mar-thà mar phàirt den phròiseas fèin-mheasaidh leantainneach aca fhèin. Feumaidh HMIE cuideachd dèanamh cinnteach gum bi tuigse nas fheàrr aig clann is daoine òga gu bheil luchd-sgrùdaidh a' coimhead air raon de dhiofar seòrsaichean fianais a thèid a shealltainn dhaibh, gus dealbh cho ceart 's a ghabhas fhaighinn. Bidh mi a' bruidhinn

ris a’ Chomhairle Chomhairleachaidh agus ri diofar bhuidhnean luchd-ùidh mun cheist seo, ach **chan eil planaichean agam a bhith a’ toirt air falbh rabhadh ro làimh gu bheil sgrùdadh gu bhith ann air ionad foghlaim.**

5. Fiosrachadh Ro-sgrùdaidh

Bha ceistean sa cho-chomhairle mun phròiseas ro-sgrùdaidh, a’ gabhail a-steach ullachadh ro-sgrùdaidh leis an t-suidheachadh foghlaim a bhith a’ cleachdadh cheisteachain. Bha cha mhòr a h-uile neach-freagairt den bheachd gu bheil e cudromach a bhith a’ cruinneachadh beachdan bho chloinn is dhaoine òga, pàrantan agus luchd-obrach. Bha an ceisteachan ro-sgrùdaidh air a mheas feumail, ach chaidh dòighean a bharrachd a chur air adhart gus beachdan a chruinneachadh.

Freagairt HMCI

Cumaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh orra a’ cleachdadh cheisteachain ro-sgrùdaidh gus beachdan luchd-ùidh a chruinneachadh mus tòisich an sgrùdadh. Nì iad **ath-sgrùdadh air structar agus fòcas nan ceistean làithreach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ freagairt ris na raointean a chaidh a chomharrachadh leinn mar raointean cudromach.** Cumaidh iad orra cuideachd **a’ dèanamh ath-sgrùdadh air mar a ghabhas na ceisteachain seo a dhèanamh nas ruigsinniche dhan chloinn is do na daoine òga agus an teaghlaichean uile agus coimhididh iad air dòighean a bharrachd gus beachdan a chruinneachadh.**

Tha fèin-mheasadh leis an t-suidheachadh na phàirt ro-chudromach de leasachadh leantainneach ann am foghlam na h-Alba. San fharsaingeachd, bha daoine den bheachd gun robh e cudromach gum biodh sgrùdaidhean fhathast a’ tòiseachadh le tuigse na sgoile fhèin air na tha i a’ dèanamh gu math agus na dh’fheumas i leasachadh. Mar thoradh air seo, **cumaidh HMIE air a’ tòiseachadh air sgrùdadh bho fhèin-mheasadh na sgoile fhèin ach nì iad sgrùdadh air, agus is dòcha gun dèan iad deuchainn air, dòighean eile gus am fiosrachadh sin fhaighinn,** seach an sgoil a bhith a’ dèanamh sgrìobhainn fèin-mheasaidh airson adhbharan sgrùdaidh a-mhàin.

6. Frèam-obrach

Chaidh faighneachd sa cho-chomhairle mu chruth agus susbaint an fhrèam-obrach sgrùdaidh ùr. Tha [*Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4mh Eagran*](#) (HGIOS4) air a dheagh aithneachadh air feadh an t-siostaim a bharrachd air a bhith a’ cumail taic ri fèin-mheasadh agus a bhith air a chleachdadh airson sgrùdadh.

Freagairt HMCI

Tha mi ag aithneachadh gu bheil tòrr air atharrachadh anns an 11 bliadhna bho chaidh “Dè cho math 's a tha an sgoil againn 4” fhoillseachadh agus gum feumar ùrachadh a-nis gus am bi e a rèir poileasaidh agus cleachdadh foghlaim an latha an-diugh. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air tòiseachadh air obair air frèam-obrach sgrùdaidh ùr mar-thà agus iad a’ beachdachadh air a shusbaint agus a structar. Thèid beachdachadh air an obair seo còmhla ris a’ Chomhairle Chomhairleachaidh. Ged a tha mi a’ tuigsinn *carson* a thathar ag iarraidh seo, tha mi den bheachd gun cuireadh frèamaichean-obrach eadar-dhealaichte airson sgoiltean ann an diofar roinnean ri iom-fhillteachd agus ri ullachaidhean air an t-siostam agus nach biodh seo cuideachail aig an àm seo. Ach tha mi ag aithneachadh gur dòcha gum biodh coltas eile air buileachadh an fhrèam-obrach ann an diofar roinnean. **Mar sin,**

cumaidh HMIE air a’ cruthachadh aon fhrèam-obrach airson sgoiltean agus, còmhla ri seo, cruthaichidh e stiùireadh roinneil air leth gus taic a chumail ri buileachadh. Bidh seo a’ gabhail a-steach stiùireadh ùraichte air foghlam Gàidhlig.

Tha sinn an dùil gun tèid **an dreachd frèama-obrach ùr do sgoiltean a chur air bhog san Fhaoilleach 2027**. ’S e an t-amas aig HMIE gum bi am frèam-obrach seo didseatach, gus an gabh ùrachaidhean a dhèanamh nas fhasa, agus gus an gabh ceanglaichean a chur ann ri poileasaidh is stiùireadh nàiseanta iomchaidh. Thèid sgrùdaidhean pileit a dhèanamh gus am frèam-obrach ùr a dhearbhadh as t-earrach 2027 gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbains a’ cumail taic ri fhèin-mheasadh agus sgrùdadh. Thèid sgrùdaidhean pileit a dhèanamh gus modh-obrach ùr fheuchainn, a’ cleachdadh an fhrèam-obrach ùir, bho theirm samhraidh 2027 agus a-steach do sheisean 2027/28. A rèir toradh nam pròiseactan pileit, ’s e ar rùn gun tèid am frèam-obrach ùr a chleachdadh airson a h-uile sgrùdadh sgoile bhon Fhaoilleach 2028 a-mach. Tha mi an dòchas gum bi seo a’ co-thaobhadh gu math ri planaichean airson Cuairt Leasachaidh a’ Churraicealaim agus gum bi tìde gu leòr ann dhan t-siostam gus gluasad bho “Dè cho math ’s a tha an sgoil againn 4” gu “Dè cho math ’s a tha an sgoil againn 5”. San àm ri teachd, cleachdaidh HMIE am frèam-obrach cuideachd gus taic a chumail ri sgrùdaidhean cuspaireil air taobhan sònraichte de dh’fhoghlam.

Mar neach-foghlaim ann an Alba, tha mi moiteil às a’ chliù làidir a th’ aig a’ bhrannnd ‘Dè cho math ’s a tha an sgoil againn?’ le luchd-foghlaim eile air feadh an t-saoghail. Ged a tha mi deònach èisteachd ri beachdan ùra, aig an ìre seo b’ fhèarr leam cumail ris an tiotal ‘Dè cho math ’s a tha an sgoil againn? 5mh eagan’, dhan fhrèam-obrach ùr leis gu bheil e aithnichte gu farsaing. .

7. Aithris

Dh’fhaighnich a’ cho-chomhairle mun dòigh anns a bheil HMIE ag aithris air toradh sgrùdaidhean agus air dè a bhiodh feumail a thaobh seo.

Freagairt HMCI

Cumaidh HMIE orra a’ toirt dearbhadh dhan phoball air càileachd foghlaim. Nithear seo tro bhith a’ foillseachadh toraidhean sgrùdaidh a rèir [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#). Tha e na dhleastanas orm cuideachd, fon [Achd](#), gus aithisg fhoillseachadh air coileanadh ann am foghlam na h-Alba. Cuiridh aithisgean sgrùdaidh fa leth ris an aithisg nàiseanta iomlan seo.

Bha luchd-freagairt na co-chomhairle gu mòr airson dà aithisg sgrùdaidh a chumail, mar a tha a’ tachairt aig an àm seo. Tha mi ag aithneachadh gu bheil e fìor-chudromach gum bi geàrr-chunntas soilleir ann de neartan agus de raointean leasachaidh. Tha HMIE a’ coimhead air raon de dhiofar roghainnean a thaobh aithris gus gnìomhan reachdail a choileanadh. Feumaidh aithisgean airson sgrùdaidhean air sgoiltean fa leth a bhith soilleir, goirid, agus ruigsinneach do dh’fharsaingeachd de luchd-èisteachd, a’ gabhail a-steach clann is daoine òga. **Tha mi air iarraidh air Luchd-sgrùdaidh an Rìgh feuchainn ri piseach a thoirt air fios-air-ais do chloinn is do dhaoine òga mu thoradh an sgrùdaidh air an sgoil aca.** Tha HMIE a’ tuigsinn nan cothroman a tha an lùib teicneòlais gus aithris ann an dòighean eile agus mar sin, cumaidh e air a’ coimhead air roghainnean airson aithris fhad ’s a thathar a’ dèanamh obair leasachaidh air dòighean-obrach sgrùdaidh.

8. A' sgrùdadh clasaichean sgoil-àraich

Chaidh fhaighneachd sa cho-chomhairle mu aithris air co-dhùnaidhean sgrùdaidh ann an suidheachaidhean far a bheil clas sgoil-àraich aig an sgoil.

Freagairt HMCI

Tha mi ag aithneachadh cho cudromach 's a tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann a bhith a' toirt taic do, agus a' toirt piseach air, foghlam is cùram an luchd-ionnsachaidh as òige againn. Anns an t-Sultain 2025, dh'fhoillsich HMIE agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim [frèam-obrach leasachaidh càileachd airson roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne](#). Tha am frèam-obrach co-roinnte seo a' cumail taic ri fèin-mheasadh agus tha e cuideachd air a chleachdadh le HMIE agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim gus sgrùdaidhean a dhèanamh air suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Tha seo a' gabhail a-steach sgrùdaidhean a bhios HMIE a' dèanamh leis fhèin agus ann an com-pàirteachas le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim mar phàirt de cho-sgrùdadh.

Leis gu bheil am frèam-obrach seo ùr, agus gun robh a' cho-chomhairleachadh san fharsaingeachd a' cumail taic ri measaidhean sgoiltean-àraich fhoillseachadh fa leth, **leanaidh HMIE air adhart a' dèanamh sgrùdadh chlasaichean-àraich a' cleachdadh** an fhrèam-obrach [airson leasachadh càileachd do roinnean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne](#) aig an àm seo.

9. Iar-sgrùdadh

Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle dè na suidheachaidhean anns am bu chòir do luchd-sgrùdaidh conaltradh a dhèanamh ri sgoil às dèidh sgrùdadh.

Freagairt HMCI

Tha freagairtean na co-chomhairle a' sealltainn gu bheil miann ann gum faigh a h-uile sgoil conaltradh bho HMIE gus taic a chumail ri leasachadh. Ach tha [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#) glè shoilleir gum bu chòir dreuchd an HMIE a bhith neo-eisimeileach. Tha seo a' ciallachadh nach eil e iomchaidh do luchd-sgrùdaidh tadhalan leasachaidh leanmhainn a dhèanamh air sgoiltean mura h-eil seo riatanach. Cuideachd, chan eil na goireasan agam gus an ìre seo de dh'obair a ghabhail os làimh gun a bhith a' cur bacadh air na dleasan againn mar a tha air am mìneachadh san [Achd](#). Tha mi den bheachd gun urrainn do HMIE obair com-pàirteachais le luchd-ùidh air feadh an t-siostam foghlaim a neartachadh barrachd. Bidh seo a' gabhail a-steach leasachadh air dreuchd nam measadairean luchd-sgrùdaidh agus a bhith a' toirt cuireadh do dh'oifigearan aig ùghdarrasan ionadail a bhith an sàs ann am pròiseasan sgrùdaidh. Bidh HMIE a' cumail taic ri leasachadh le bhith a' neartachadh sgaoileadh deagh chleachdaidh agus le bhith a' toirt seachad aithisgean soilleir air coileanadh foghlam na h-Alba agus molaidhean co-cheangailte ri seo.

Leanaidh HMIE air a' dèanamh ghnìomhachd sgrùdaidh a bharrachd nuair nach eil sgoil a' toirt seachad foghlam den chàileachd iomchaidh agus far nach eil an luchd-sgrùdaidh den bheachd gu bheil comas aig an sgoil a bhith a' toirt piseach air cùisean às aonais taic no measadh a bharrachd bhon taobh a-muigh.

Co-dhùnadh

Tha na freagairtean gu h-àrd uile co-cheangailte ris a' cho-chomhairliche a rinneadh aig deireadh 2025 mu sgrùdaidhean sgoile. 'S e riatanas a th' ann fo [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2025](#) gun stèidhich mi Comhairle Comhairleachaidh agus gun cuidich a' Chomhairle seo mi le bhith a' toirt comhairle dhomh air plana sgrùdaidh. Bidh am plana sgrùdaidh a' comharrachadh na h-obrach aig HMIE thar trì gu còig bliadhna gu soilleir agus thèid fhoillseachadh cho luath 's a bhios practaigeach. A bharrachd air sgrùdaidhean sgoiltean, bidh am plana seo a' gabhail a-steach obair uile HMIE. Anns na freagairtean gu h-àrd, tha mi air mo lèirsinn fhèin airson HMIE agus mo bheachdan fhèin air a' cho-chomhairle air sgrùdaidhean sgoile a thoirt seachad. 'S e am plana sgrùdaidh a' phrìomh dhòigh air gnìomhan a thoirt air adhart san àm ri teachd agus aithris a dhèanamh orra. Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri diofar luchd-ùidh air feadh siostam an fhoghlaim gus am plana seo a stèidheachadh agus a ghluasad air adhart.